

17/08/10

A Phàrantan / Luchd-cùraim Chòir,

Fàilte oirbh air ais dhan sgoil!

Tha mi 'n dòchas gun robh deagh shaor-làithean agaibh fhèin agus aig an leanabh/chloinn agaibh is gu bheil sibh a-nis deiseil airson toiseach seisean sgoile ùr!

Luchd-obrach

Thèid na clasaichean a theagasg leis na tidsearan a leanas air an t-seisean seo:

Clas 1	A' Bh-Uas M NicCoinnich
Clas 1/2	A' Bh-Uas S Robasdan /A' Bh-Uas K Wells
Clas 2/3	A' Bh-Uas D NicGillinnein
Clas 3/4	A' Bh-Uas Nic a' Phiocair / A' Bh-Uas Jack
Class 4/5	A' Bh-Uas Nic Chormick/ A' Bh-Uas NicRath
Clas 5/6	A' Bh-Uas Nic an Fhùcadair
Clas 7	A' Bh-Uas NicÌomhair/ A' Bh-Uas Dickson

Lùghdachadh ann an Àm Clasa: A' Bh-Uas Dickson

Rèiteachaidhean Clas 1

Bu toil leinn cuimhneachadh do phàrantan gum bi sgoilearan Clas 1 uile a' tòiseachadh làn-ùine air Diluain 30mh Lùnastal, 9.10 – 3.10.

Lòin Sgoile

Thoiribh an aire gu bheil lòin sgoile a' cosg £1.70. Bu chòir tiogaidean a cheannach air a' chiad là den t-seachdain sgoile. Ma bhios an leanabh agaibh dheth faodar na tiogaidean a chaidh a cheannach a chleachdadh air làithean eile.

Neo-làthaireachd

Ma bhios an leanabh agaibh dheth air sgàth tinneis feumaidh sibh fònadh no tighinn a-steach gu pearsanta **ro 10m** air an là fhèin. 'S ann gus dèanamh cinnteach gu bheil an leanabh agaibh sàbhailte a tha seo (Poileasaidh Dìon Chloinne Chomhairle na Gàidhealtachd).

Ma bhios an leanabh agaibh dheth air adhbharan eile a bharrachd air tinneas, bu chòir dhuibh nòta sgrìobhte a thoirt do thidsear an leanaibh cho luath 's a ghabhas.

Leigheas

Ma tha feum aig an leanabh agaibh air stuth-leighis, bhiodh e math nam b' urrainn dhuibh uairean sgoile a sheachnadh airson seo. Mura h-urrainn dhuibh seo a sheachnadh, sgrìobhaibh nòta le ceann-là, ainm an leanaibh, ainm an stuth-leighis agus an dearbh thuaiream a tha aca ri fhaighinn. Bu chòir dhuibhse, am Pàrant/Neach-cùraim, ur n-ainm a chur ris an nòta.

Fiosrachadh Èiginn

Tillibh an duilleag èiginn air ais thugainn ro Dhiahaoine 20 Lùnastal seach gu bheil e fìor chudromach gum bi am fiosrachadh as ùire againn gus fios a chur thugaibh ma bhios sin riatanach.

Pàirc Chàraichean

Faodaidh a' phàirc chàraichean a bhith fìor thrang aig amannan. Feuch nach parc sibh san àite far am bi na busaichean a' leigeil às is a' togail nan sgoilearan. Chuirinn cuideachd nur cuimhne nach eil coin ceadaichte sa phàirc chàraichean.

Cinn-là nan Saor-làithean

Cinn-là Teirme 2010-2011. Tha an clàr a leanas a' toirt nan ceann-là airson na bliadhna 2010-2011.

Fosgladh	Dùnadh
Dimàirt 17 Lùnastal 2010	Dihaoine 8 Dàmhair 2010
Dimàirt 26 Dàmhair 2010	Diardaoin 23 Dùbhlachd 2010
Diluain 10 Faoilleach 2011	Dihaoine 11 Gearran
Diluain 21 Gearran	Dihaoine 8 Giblean 2011
Dimàirt 26 Giblean 2011	Dihaoine 1 Iuchar 2011

Bidh an sgoil dùinte cuideachd air 2 Cèitean 2011 agus air aon là san Ògmhios 2011 (thèid an dearbh cheann-là aontachadh le Buidhnean Sgoile Co-cheangailte).

Leis gach deagh dhùrachd,

Ms Annika Jansson
Ceannard san Eadar-ama